



# Aithisg Geàrr-chunntas air Pàrantachd Chorporra 2022-25



Tha an aithisg seo a' mìneachadh na choilean sinn sna trì bliadhna mu dheireadh mar phàrant corporra. Leig fios thugainn ma tha beachd no ceist agad mu deidhinn. Bu mhath leinn a chluinntinn bhut

## Carson a sgrìobh sinn an aithisg seo

Tha Achd Chloinne is Daoine Òga (Alba) 2014 ag ràdh gum feum a h-uile pàrant corporra fiosrachadh a cho-phàirteachadh le Ministearan na h-Alba air mar a tha e a' coileanadh a dhleastanasan.

Tha sinn toilichte a bhith a' co-phàirteachadh bàrr-phuingean bhon obair pàrantachd corporra againn agus mar a tha sinn a' coileanadh ar dleastanasan.

## Na rinn sinn gus taic a thoirt dhut

Leasaich sinn am [Plana Pàrantachd Chorporra 2023-26](#) againn, agus an suidheachadh agad fa-near dhuinn, tro bhith ag èisteachd do dhaoine le eòlas air cùram, Who Cares? Scotland agus buidhnean eile. Tha am plana seo gar stiùireadh gus taic nas fheàrr a thoirt seachad mar phàrant corporra.

## Gnothaichean briathrachais

Tha sinn ag aithneachadh gu bheil an dòigh sam bi sinn a' bruidhinn mu eòlas air cùram mar chùis chudromach. Chaidh an Stiùireadh Briathrachais againn airson co-luchd-obrach SQA ath-ùrachadh gus am bi sinn a' bruidhinn mu eòlas air cùram ann an dòigh a tha a' toirt seachad spèis agus a' cumhachdachadh.

## A' meas eòlas air cùram mar fheart fo dhion

Tha sinn a' meas eòlas air cùram mar fheart fo dhion fiù 's ged nach e feart fo dhion a th' ann fo Achd na Co-ionannachd 2010. Tha sinn air an trèanadh co-ionannachd airson an luchd-obrach againn ath-ùrachadh, a bharrachd air ath-ùrachadh a' phròiseis againn airson measadh buaidh air co-ionannachd, gus co-luchd-obrach a bhrosnachadh a bhith a' gabhail cheumnanan gus taic a thoirt do dhaoine le eòlas air cùram san aon dòigh a bhios sinn a' dèanamh airson nam buidhnean co-ionannachd eile.



## Taic air Latha nan Toraidhean

Gach bliadhna, bidh sinn a' cur a-mach teachdaireachdan meal-a-naidheachd gu daoine le eòlas air cùram air Latha nan Toraidhean. Bidh sinn cuideachd a' co-phàirteachadh ghoireasan feumail agus a' dèanamh cinnteach gu bheil fios aig luchd-ionnsachaidh càit am faigh iad a' chomhairle is an taic a tha a dhìth orra.

## Teisteanasan ionadaich an-asgaidh fad am beatha

Bidh sinn a-nis a' toirt a-mach teisteanasan ionadaich an-asgaidh do dhuine sam bith le eòlas air cùram, ge be dè an aois a tha iad. Tha fios againn gu bheil iad seo cudromach, gu h-àraid nuair a thathar a' cur a-steach airson obair no foghlam.



## Ag obair le luchd-pàirt mìorbhaileach

Tha sinn ag obair gu dlùth le Who Cares? Scotland, MCR Pathways agus Career Ready gus na feumalachdan agad a thuigsinn. Tha sinn air ar riochdachadh air an Lìonra Co-obrachaidh air Pàrantachd Chorporra aig Who Cares? Scotland, nì a bhios a' toirt dhuinn an cothrom a bhith ag obair le pàrantan corporra eile. Tha sinn cuideachd ag obair gu dlùth le, agus a' toirt taic do, Acadamh na Gruagaireachd [Haus of Seisay](#), ionad-trèanaidh le cead bho SQA agus a tha càirdeil dhaibhsan aig a bheil eòlas air cùram.

Còmhla, tha sinn a' cruthachadh chothroman ùra agus a' toirt taic do dhaoine le eòlas air cùram ann am foghlam agus ann an cosnadh.

## Trèanadh luchd-obrach

Tha sinn a' cur air adhart an trèanadh luchd-obrach againn, agus tha sinn air trèanadh aghaigh-ri-aghaidh a lìbhrigeadh do na h-àrd-stiùirichean againn, gus dèanamh cinnteach gu bheil tuigse nas fheàrr aig an co-luchd-obrach againn air:

- dè tha eòlas air cùram a' ciallachadh
- dè an taic a dh'fhaodadh a bhith a dhìth air daoine le eòlas air cùram
- dè is urrainn dhuinn a dhèanamh gus cnapan-starra a thoirt air falbh airson daoine le eòlas air cùram

## A' comharrachadh dhaoine le eòlas air cùram

Air Latha Cùraim Nàiseanta agus rè Seachdain Eòlas air Cùram, bidh sinn a' comharrachadh, air-loidhne agus aghaidh-ri-aghaidh, daoine le eòlas air cùram. Tha sinn airson na stòiridhean agad a cho-phàirteachadh agus an co-luchd-obrach is àrd-stiùirichean againn a bhrosnachadh gus barrachd ionnsachadh mu eòlas air cùram.

## Saor-thoileachas agus taic

Mar phàirt de dh'iomairtean aig Who Cares? Scotland, bidh sinn a' cuideachadh gus cairtean Nollaig agus cairtean co-là-breith a chur a-mach do dhaoine le eòlas air cùram agus bidh sinn a' tionail agus a' toirt seachad tìodhlacan. Bha sinn cuideachd an làthair aig an Love Rally agus Carelidh gus coinneachadh ri daoine bhon choimhearsnachd aig a bheil eòlas air cùram agus taic a thoirt do na comharrachaidhean seo.

## A' dèanamh measaidhean nas cothromaiche

Tha sinn air lèirmheas a dhèanamh air na teisteanasan is measaidhean againn gus dèanamh cinnteach gu bheil iad cothromach agus ruigsinneach airson a h-uile duine, a' gabhail a-steach luchd-ionnsachaidh le eòlas air cùram.

## Stòras tidseir — lùl airson Tidsearan na h-Alba

Tha sinn air taic a thoirt do Who Cares? Scotland gus goireas ùr a chruthachadh—[Eòlas air Cùram agus Pàrantachd Chorporra: lùl airson Tidsearan na h-Alba](#). Tha sinn airson taic a thoirt do thidsearan na h-Alba gus tuigse a thoirt dhaibh air beathannan luchd-ionnsachaidh le eòlas air cùram agus air an dreuchd chudromaich a tha aig tidsearan mar phàrantan corporra.

## A' cruthachadh chothroman obrach

Tha sinn a' brosnachadh dhaoine le eòlas air cùram agus a' toirt taic dhaibh gus obair fhaighinn tro:

- Preantasachdan Nuadha
- greis gnìomhachais
- prògraman meantorachidh
- inntearnasan Career Ready

## A' coimhead air adhart

Bidh sinn gad chumail aig cridhe an atharrachaidh agus sinn gu bhith ag atharrachadh gu Teisteanasan Alba. Cumaidh sinn oirnn ag èisteachd ri do ghuth, a' togail air an fhiosrachadh air ais bhuat agus a' leantainn oirnn a' toirt air falbh cnapan-starra agus a' toirt taic dhut.

Ma tha thu fhathast san sgoil, a' cur a-steach airson obair no dìreach ag obrachadh a-mach na h-ath-cheumannan dhut, tha sinn an seo air do shon. Tadhair air an [duilleag-lìn Pàrantachd Chorporra](#) no [cuir fios thugainn](#).

Ma tha thu airson cothrom fhaighinn air mion-fhiosrachadh, faodaidh tu [an aithisg iomlan fhaicinn air an làraich-lìn againn](#).